

TÙSAN:

**Liosta Leabhraichean is Eile,
Iomraidhean,
Às-Earrannan**

Tha a' bhileag seo agus fiosrachadh eile mu thùsan air an làraich-lìn do
dh'oileanaich na Colaiste

Tha a' bhileag seo stèidhichte air an leabhran
'How to Organise Bibliographies and References'
le Inverness College

Carson a tha e cudromach a bhith ag ainmeachadh nan tùsan agad?

'S e deasbad a tha ann an obair acadaimigich a tha ag amas air an fhìrinn. Tha e diofraichte bho ealain, no pìos bàrdachd no poileataigs a tha a' feuchainn ri daoine a tharraing gu taobh sònraichte. Mar sin, feumaidh an leughadair agad a bhith soilleir mu dheidhinn

- Càit an d' fhuair thu an fhianais agad
- Càit an d' fhuair thu na beachdan agad.

Ma tha seo soilleir, tha thu a' toirt cothrom do dhaoine a bhith a' dearbhadh

- A bheil an fhianais agad ceart
- Co bhuidhe a thàinig na beachdan

A bharrachd air seo, tha thu gad dhìon fhèin bho chasaidean mèirle-sgrìobhaidh (plagiarism)

Mar sin, tha e mar phàirt den dòigh acadaimigich a bhith sealltainn seo is gheibh thu comharraidhean a bharrachd air a shon.

Mura bheil na tùsan ann, caillidh tu comharraidhean.

Diofar sheòrsachan de Thùsan

Tha còig diofar àiteachan airson thùsan:

- I. Liosta thùsan (list of references) aig deireadh na h-aiste de leabhraichean, artaigilean, irisean, làraichean lììn, mapaichean, bhideothan, agallamhan, etc *air an do choimhead thu fhèin* airson aiste a sgrìobhadh.

II. Iomraidhean (in-text citations) far a bheil thu a' comharrachadh san aiste agad càit an d' fhuair thu beachd no pìos fiosrachaidh.

III. As dèidh Às-Earrannan (quotations) - pìosan air an togail à leabhraichean is eile.

IV. Bonn-notaichean (footnotes) far a bheil fios a bharrachd a' nochdadh.

V. Liosta dhealbhan

Thèid na h-iomraidhean goirid a nochdas san teagsa a chur ann an òrdugh na h-aibidil san liosta aig deireadh na h-aiste (ro eàrr-ràdh no pàipearan taiceil eile). Mar sin, cha leig thu leas am fiosrachadh slàn a chur sìos ach aon turas.

I. Liosta Thùsan

Tha diofar dhòighean ann seo a dhèanamh; 's e an rud as cudromaiche gum bi am fiosrachadh a tha a dhìth soilleir, cunbhalach.

Leanaidh sinn Siostam Harvard a tha cho soilleir ri gin.

Thèid na leabhraichean a chur an òrdugh na h-aibidil, a rèir ainm an ùghdair. Thoir seachad am fiosrachadh eile mar a leanas, le stad (full stop) eadar na diofar pàirtean:

Airson leabhraichean

(i) Ùghdar

Sgrìobh cinneadh an ùghdair no an neach-deasachaidh no a' bhuidheann a thug an leabhar a-mach.

Faodaidh tu dìthis ainmeachadh, ach ma tha barrachd ann, sgrìobh *agus eile* no *et al.* Sgrìobh *deas.* as dèidh ainm deasaiche. Mura bheil ùghdar ann, cleachd tiotal an leabhair na àite.

(ii) **Deit-fhoillseachaidh**

A' bhliadhna anns an deach an leabhar fhoillseachadh; dh'fhaodadh seo atharrachadh a rèir an deasachaidh air a bheil thu fhèin a' coimhead

(iii) **Tiotal an leabhair**

Sgrìobh seo ann an clò Eadailteach. Ma tha fo-thiotal ann, cuir còilean (:) eadar an tiotal agus am fo-thiotal. Ainmich an deasachadh a tha agad.

(iv) **Àite-foillseachaidh an leabhair**

Sgrìobh ainm a' bhaile mar a tha e a' nochdadh san leabhar - sa Bheurla no sa Ghàidhlig

(v) **Ainm nam foillseachaidhean**

(NB chan e na clò-bhualadairean)

Eisimpleir de leabhar:

Black, R. (2001). *An Lasair: Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse*. Edinburgh: Birlinn

Airson Artaigilean à Irisean:

(i) Ùghdar (dìreach mar leabhraichean)

(ii) Deit-fhoillseachaidh
Clàraich am mìos cho math ris a' bhliadhna

(iii) Tiotal an artaigil
ann an "cromagan turrach"

(iv) Tiotal na h-iris ann an clò Eadailteach

(v) Àireamh na h-iris agus nan duilleagan air an nochd an t-artaigil

Eisimpleir de dh' artaigil:

Withers, C. (An Geamhradh 1986). "A Population Observed: Gaelic speakers in Rothesay and the Isle of Bute in 1834". *Scottish Gaelic Studies*. Vol XIV, Part II. Td. 102-122

NB Chan eil iomradh air àite foillseachaidh no foillseachaidhean ann an clàradh artaigealan.

Airson stuth eile:

Mapaichean, bhideothan, CD Roms: comharraich mar leabhraichean iad; mura bheil an t-ùghdar soilleir, ainmich fon tiotal iad, agus innis dè tha ann annta ann an lùbagan ceàrnagach, m.e. [lìtir], [CD ROM], [DVD].

Clàradh làraichean-lìn

Ainmich

- (i) ainm an ùghdair (ma tha e ann)
- (ii) seòladh slàn na làraich-lìn

(iii) an deit air an do choimhead thu oirre [ann an lùbagan ceàrnagach]

Eisimpleirean de làraichean-lìn:

- Smith, K. "Descartes' Life and Works". *The Stanford Encyclopedia of Philosophy* (Spring 2003 Edition) Edward N. Zalta (ed.) URL = <http://plato.stanford.edu/archives/spr2003/entries/descartes-works/> [24 Giblean, 2004]
- The Columbia Encyclopaedia. Sixth Edition. Copyright 2003 Columbia University Press <http://www.bartleby.com/> [24 Giblean, 2004]
- www.philosophypages.com/ph/hume.htm
www.philosophypages.com/ph/kant.htm
www.philosophypages.com/ph/spin.htm
[24 Giblean, 2004]

Comhairle

Cuir an liosta de thùsan còmhla mar a thèid thu air aghaidh. Tha e fada nas fhasa na bhith coimhead air ais as dèidh ghnòthaichean. Nuair a tha e stèidhichte agad, tha e furasta a bhith a' fighe thùsan a-staigh airson iomraidhean agus earrannan air an togail à leabhraichean eile. Cleachd raoin fharsaing de thùsan; na cleachd an t-eadar-lìon a-mhàin. Le fiosrachadh bhon eadar-lìon, tha e cudromach nach bi thu dìreach ga eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig ach gun cuir thu do chruth fhèin air.

Faodaidh tu Wikipedia a chleachdadh gus tùsan eile a lorg, ach na cleachd leis fhèin e a chionn 's nach deach am fiosrachadh a dhearbhadh.

II. Iomraidhean am broinn an teagsa (“References” no “In-text citations”)

A h-uile turas a tha thu a' toirt seachad beachd a fhuair thu bho leughadh, bu chòir dhut sealltainn co às a thàinig e le bhith sònrachadh ùghdar agus bliadhna-fhoillseachaidh an leabhair anns an nochd e, agus mas urrainn dhut, duilleag an leabhair air an nochd am beachd.

Eisimpleirean:

Thuir Withers (1986: 76) nach robh an òigridh a' cleachdadh na Gàidhlig ann am Baile Bòid

No

Cha robh an òigridh a' cleachdadh na Gàidhlig ann am Baile Bòid (Withers 1986:76)

Bidh an leughadair an uair sin a' dol dhan liosta agad aig deireadh na h-aiste agus a' coimhead fo "Withers (1986)" ach am faigh e lorg air an leabhar air a bheil thu a-mach.

III. Às-Earrannan

Far a bheil thu a' cleachdadh earrann ghoirid, cùm san teacs agad fhèin i, le cromagan turrach mun cuairt oirre:

Eisimpleir:

Sgrìobh Withers (1986: 14), "An examination of the occurrence of future forms in *-(e)as* ... might prove useful".

Airson às-earrannan nas fhaide, cleachd earrann fa leth air a cur a-staigh bhon sgrìobhadh agad fhèin, gun chromagan turrach:

Mar eisimpleir:

Mura b' e Adhamhnan, cha robh Eilean Ì air fàs cho ainmeil. Mar a tha Ap Rheinalt (2004; 17) ag ràdh:

Mar sin, 's dòcha nach robh Ì cho cliùiteach 's a bha Adomnán, ùghdar VSC, a' dèanamh dheth. A bharrachd air sin, chaidh grunn chunntasan agus sgrìobhainnean a bha a' buntainn do dh'Eilean Ì a ghleidheadh air sgàth a' cheangail làidir a bh' aige ri Èirinn. Cha robh eaglaisean eile cho fortanach agus, mar sin, cha robh daoine cho eòlach orra.

Bha manachainnean air an stèidheachadh air feadh na h-Alba...

IV. Bonn-Notaichean

Tha bonn-notaichean feumail nuair a tha thu airson beagan a bharrachd fiosrachaidh a thoirt seachad nach eil buileach a' buntainn ris a' chuspair ach a tha inntinneach a dh'aindeoin sin. Gus bonn-nota a chruthachadh, rach gu "References" air an tool bar agus put air "Insert Endnote" no "Insert Footnote". Thèid àireamhachadh leis a' choimpiutair fhèin is nochdaidh e aig bonn na duilleige.

Iomradh air Iomraidhean

Uaireannan bidh tu airson iomradh no às-earrann a dhèanamh air rud a bha na iomradh no na às-earrann mu thràth ann an leabhar eile. Bu chòir dhut sealltainn gu soilleir càit an do leugh thu fhèin e agus cò às a thàinig e sa chiad dol a-mach. ('Sa Bheurla canar "X cited in Y".) Seo eisimpleir:

Tha ceangal eadar Cairbre agus cait. Tha seo ri fhaicinn anns na leanas:

Thus was Cairbre the cruel
Who seized Ireland south and north
Two cat's ears upon his fair head
A cat's fur through his ears.

(Whitley Stokes 1897, *Cor Anman*, *Irische Texte*,
Leipzig, air iomradh ann an Ross 1974; 135)

no

(*Cor Anman* air iomradh ann an Ross 1974; 135)

'S ann air Ross a choimhead thu fhèin agus chan ann air Stokes; mar sin, 's e an leabhar le Ross a nochdas sa liosta leabhraichean aig deireadh na h-aiste, mar Ross, Anne (1974) *Pagan Celtic Britain*. London: Cardinal

Prìomh agus Dàrna Tùsan

Le "prìomh tùsan" tha sinn a-mach air pìosan fianais a chaidh a sgrìobhadh aig àm an tachartais air a bheil thu a-mach. Le "dàrna tùsan" tha sinn a-mach air rudan a chaidh a sgrìobhadh mu na prìomh tùsan a-rithist. Bu chòir dhut daonnan a bhith cur ceist sna tùsan. Chan eil annta ach beachdan. Chan eil na h-uile a tha sgrìobhte fìor!

Tha e àbhaisteach a bhith a' cumail liosta fa leth de na prìomh tùsan agus de dhealbhan.

Diofar Seòrsachan de Mheasadh

Tha beum beagan diofraichte air na diofar rudan a thèid iarraidh ort a dhèanamh, *ach tha tùsan riatanach sa h-uile fear dhiubh.*

Aiste

'S e deasbad acadaimigeach a tha ann an aiste. Bidh co-dhiù ceithir pàirtean ann:

- (i) An ro-ràdh: far a bheil thu a' cur na ceist ann an co-theacs agus ag innse dhan leughadair dè am plana a bhios agad anns an aiste;
- (ii) Am meadhan: far a bheil thu a' sgrùdadh na fianais airson diofar argamaidean, 's tu a' toirt taic dha na tha thu ag ràdh le tùsan, iomraidhean agus às-earrannan;
- (iii) An co-dhùnadh: far a bheil thu a' tilleadh dhan cheist, a' toirt seachad geàrr-cunntas air an fhianais agus a' ruigsinn co-dhùnadh
- (iv) Na tùsan a chleachd thu mar fhianais, air an roinn eadar prìomh agus dàrna tùsan.

Lèirmheas leabhair

Thoir seachad geàrr-chunntas goirid air na tha san leabhar a tha a' sealltainn gu bheil thu air a leughadh agus a thuigsinn ann an co-theags a' chuspair. Bidh e math mas urrainn dhut na beachdan no na teòraidhean a nochdas san leabhar a cheangal le teòraidhean a' mhodail a tha thu a' studaigeadh no le leabhraichean eile. Tha e cudromach gum bi thu a' luachadh an leabhair cho math ri bhith a' dèanamh cunntas air. Tha àite ann airson do bheachdan pearsanta ach feumaidh iad seo a bhith air an daingneachadh le fianais.

Taisbeanadh

Ann an taisbeanadh bidh na sgilean teagaisg agad air am meas cho math ris na sgilean acadaimigeach. Mar sin, bu chòir dhan taisbeanadh agad a bhith air leth soilleir, inntinneach agus taobh a-staigh crìochan na ùine a chaidh an cur a-mach dhut. Bu chòir rudeigin a bhith agad ri thaisbeanadh

- powerpoint, dealbhan, mapaichen, no nithean. Tha e math mas urrainn dhut pàipear taiceil a thoirt dhan chlas as dèidh làimh leis na prìomh phuingeagan agad agus na tùsan.

Aithisg

Bu chòir do aithisg a bhith rudeigin eagraichte (*schematic*), a' sealltainn na chaidh a dhèanamh agus na thèid a dhèanamh, 's dòcha le clàran-ama no liostaichean na cois. Bu chòir do ro-ràdh no co-dhùnadh a bhith gu math goirid. Chan eil àite ann airson fhaclan flùranach.

Geàrr-chunntas

'S e cunntas goirid air artaigil no leabhar a tha ann an geàrr-chunntas, 's tu a' toirt an aire do gach ceum den argamaid a tha an sàs ann. Tha e cudromach gum bi thu fhèin ga tuigsinn gu mionaideach gus seo a dhèanamh. Dh' fhaodadh tu beagan cùl-fiosrachaidh agus do bheachdan pearsanta a chur na chois gu goirid.

Pàipear-deasbaid

Bidh beagan cùl-fiosrachaidh feumail an seo, ach bu chòir dhan mhòr chuid a sgrìobhas tu a bhith a-mach air puingeagan connspaideach a ghabhas tuigsinn ann am barrachd is aon dòigh. Tha thu ag iarraidh gun dùisg am pàipear seo deasbad sa chlas.

Mion-òraid

Tha seo coltach ri taisbeanadh ach cha leig thu leas càil a shealltainn dhan chlas. Bidh na sgilean teagaisg agad air am meas cho math ris na sgilean acadaimigeach. Bu chòir dhan mhion-òraid agad a bhith air leth soilleir, pongail agus taobh a-staigh crìochan na ùine, agus bhiodh pàipear taiceil leis na prìomh phuingeagan agad agus na tùsan iomchaidh cuideachd.

Sgrìobhadh Aistidhean

1. Rannsachadh. Rannsaich an cuspair leis a' cheist an cùl d' inntinn gus am bi thu eòlach air a' chuspair. Dèan geàrr-chunntas air na leughas tu le às-earrannan agus tùsan. Cùm liosta de na tùsan. Feuch a bhith faicinn phàtranan.

2. Sgrùdadh. Sgrùdaich na h-argamaidean; coimhead airson phàtranan. Cuir na tagraidhean agus an fhianais còmhla. Thoir an aire air argamaidean laga far a bheil an fhianais gann.

3. “Brain-storming”. Cuir 12 ceist inntinneach ort fhèin, agus feuch ri tighinn gu co-dhùnidhean ùra agad fhèin. Bheir sin beagan ùine. ‘S dòcha gum bi thu airson meòrachadh air na ceistean seo fhad ‘s a bhios tu a’ coiseachd no sa bhàth.

4. Tràchdas. Dè an tràchdas, no a’ phrìomh smuain agad? Tha e doirbh aiste mhath a sgrìobhadh gun tràchdas soilleir agad. Sgrìobh sìos e mar aon seantans.

5. Dèan plana den aiste: seantans a’ mìneachadh cuspair gach earrainn agus puingeann a bhios anns gach earrainn. Cluich leis an òrdugh gus am faigh thu an t-òrdugh as fheàrr airson an fhianais a chur air adhart.

6. Ro-Ràdh: Tha e math a bhith ag innse rudeigin an seo – eisimpleir de na thuirte cuideigin no eisimpleir de shuidheachadh air choireigin – a ghlacas aire an leughadair. An uair sin mìnich a’ cheist agus an tràchdas agad fhèin. Mìnich am plana a bhios tu a’ leantail anns a’ chòrr den aiste.

7. Mìnich gach argamaid agad ann an seantans, a’ cur na fianais fa chomhair an leughadair, agus a’ mìneachadh càit a bheil an fhianais làidir no lag.

8. Co-Dùnadh: Till dhan a’ cheist, agus dèan geàrr-chunntas air an fhianais a chruinnich thu ann an gach earrainn. Innis carson a tha thu den bheachd gu bheil an argamaid agad fhèin nas fheàrr na argamaidean eile air an do choimhead thu. Fàg an leughadair le aon smuain no ceist eile a bhuineas dhan cheist.

9. Dèan cinnteach gu bheil thu air tùsan a chur anns an teacsa airson gach smuain a fhuair thu bho dhuine eile agus airson gach às-earrann.

10. Leugh a-rithist na sgrìobh thu gus an cànan a cheartachadh.

stèidhichte air “How to write an essay: 10 easy steps”
<http://www1.aucegypt.edu/academic/writers/>